

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Covid-19

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 1,144. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 840 corresponds to Litir 1,144.*

Thairis air a’ bhliadhna gu leth a dh’fhalbh, tha an saoghal air a bhith ann an grèim galair. B’ àbhaist dhuinn a bhith a’ bruidhinn ri chèile mun aimsir aig toiseach còmhraidh. An-diugh, tha sinn a **cheart cho buailteach** a bhith a’ bruidhinn air a’ ghalar – Covid-19. Ach a bheil am briathrachas agaibh airson bruidhinn mu dheidhinn ann an Gàidhlig? An-diugh, tha mi a’ dol a thoirt beagan stiùiridh dhuibh a thaobh sin.

An toiseach, a’ Ghàidhlig air *virus*. ’S e sin *bhìoras* le ‘bh’. Canaidh sinn a’ *bhìoras* airson ‘*the virus*’. Tha am facal a’ coimhead boireanta, ged a tha e fireanta. Tha an sèimheachadh aig toiseach an fhacail mì-nàdarrach ann an ainmear fireanta.

Agus *coronavirus*? Uill, tha sin furasta gu leòr. ’S e sin *coròna-bhìoras*. Coròna-bhìoras. Bidh sinn a’ bruidhinn air Covid-19 cuideachd. Agus bidh sinn a’ sgrìobhadh sin le ‘v’ seach ‘bh’.

Bidh sinn ag ràdh *galar* airson *infectious disease*. Nuair a tha e a’ sgaoileadh gu mòr ann an dùthaich, ’s e *mòr-ghalar* no *galar-sgaoilte* a th’ ann – *an epidemic*. Anns an t-seann aimsir, bhiodh daoine a’ gabhail *plàigh* air – *a plague* – *plàigh*. Cha bhi mòran daoine a’ cleachdadh ‘*plàigh*’ airson Covid-19, ge-tà. Agus tha *plàigh* cuideachd a’ ciallachadh rud no duine a chuireas dragh air daoine eile.

Agus dè mu dheidhinn *pandemic* – nuair a bhios *galar* sgaoilte air feadh an t-saoghail? Tha seo ann – *galar mòr-sgaoilte*. Bidh gu leòr, ge-tà, a cleachdadh *pandemic*, mar a tha ann am Beurla. Tha e a’ tighinn bho fhreumhan Greugach.

Agus *infection*? Uill, tha am facal fillte *galar-ghabhail* ann. Tha an ìre de ghalar-ghabhail ro mhòr an-dràsta. *The rate of infection is too great just now*. Ghabh e Covid-19. *He caught or was infected by Covid-19*. Tha *gabhaltach* a’ ciallachadh *infectious*. Tha an *galar* seo uabhasach fhèin *gabhaltach*. *This disease is incredibly infectious*. Tha *gabhaltachd* a’ ciallachadh *infectiousness*. Tha ìre na *gabhaltachd* nas àirde aig na gnèithean ùra dhen *bhìoras*. *The new strains of the virus are more infectious*.

Bu mhath leam a-nise sùil a thoirt air na fuasglaidhean airson Covid-19. Tha *dìonachd* no *ion-dhìonachd* a’ ciallachadh *immunity*. Chan eil *dìonachd* on ghalar seo aig gu leòr de dhaoine fhathast. Chan eil gu leòr de dhaoine air an dìon fhathast. Aig a’ cheann thall, ’s e *ion-dhìonachd sluaigh* a bhios mar fhuasgladh dhuinn. Sin a’ Ghàidhlig a th’ air *herd immunity*, nuair a tha dìon on ghalar aig earrann mhòr dhen t-sluagh agus nach bi e a’ sgapadh mar a bha. *A’ sgapadh* no *a’ sgaoileadh* – *spreading*.

Tha dà dhòigh airson ion-dhìonachd sluaigh a bhith ann. Anns a' chiad àite, nuair a tha an galar air a dhol tron t-sluaigh gu lèir. Bidh gu leòr a' tighinn beò, agus iad air an dìon. Bidh *anti-cuirp* aca. Anti-cuirp – *antibodies*. Ach le Covid-19, bhiodh mòran daoine a' faighinn bàs mus ruigte an ìre sin.

'S e an dòigh eile – a' *bhanachdach*. *Vaccination* no *vaccine*. Gheibh daoine *snàthad* leis a' *bhanachdach* ann. Agus bidh am bodhaigean a' cruthachadh anti-cuirp a bhios a' dìon nan daoine an aghaidh a' ghalair.

Sin e, ma-thà. Bidh sinn beò an dòchas, an ceann bliadhna eile, nach bi sinn fhathast a' bruidhinn gu làitheil mu Chovid-19.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** briathrachas: *vocabulary*; mì-nàdarrach: *unnatural*; sèimheachadh: *lenition (shown by the intrusion of an 'h' after a consonant)*; gabhaltach: *infectious, contagious*; ion-dhìonachd sluaigh: *herd immunity*; anti-cuirp: *antibodies*.

**Abairtean na Litreach:** Thairis air a' bhliadhna gu leth a dh'fhalbh: *over the past year and a half*; tha an saoghal air a bhith ann an grèim galair: *the world has been in the grip of a disease*; b' àbhaist dhuinn a bhith a' bruidhinn ri chèile mun aimsir aig toiseach còmhraidh: *we used to talk to each other about the weather at the start of a conversation*; tha am facal a' coimhead boireanta, ged a tha e fireanta: *the word looks feminine, although it is masculine*; a' sgaoileadh gu mòr ann an dùthaich: *spreading to a great extent in a country*; duine a chuireas dragh air daoine eile: *a person that annoys others*; sgaoilte air feadh an t-saoghail: *dispersed throughout the world*; bho fhreumhan Greugach: *from Greek roots*; gnèithean ùra dhen bhìoras: *new strains of the virus*; chan eil dìonachd on ghalar seo aig gu leòr de dhaoine fhathast: *not enough people have immunity from this disease yet*; nach bi e a' sgapadh mar a bha: *that it won't be spreading as it was*; bhiodh mòran daoine a' faighinn bàs mus ruigte an ìre sin: *many people would be dying before that level would be reached*; gheibh daoine snàthad leis a' *bhanachdach* ann: *people [will] get a jag [needle] with the vaccine ann (when speaking of vaccine, we generally include the article i.e. a' bhanachdach)*; bidh am bodhaigean a' cruthachadh anti-cuirp a bhios a' dìon nan daoine an aghaidh a' ghalair: *their bodies create antibodies that protect the people against the disease*; bidh sinn beò an dòchas, an ceann bliadhna eile: *we live in hope that, at the end of another year*; nach bi sinn fhathast a' bruidhinn gu làitheil mu X: *we won't still be speaking daily about X*.

**Puing-chànain na Litreach:** *Are you comfortable with the difference between a tinneas and a galar? While there is some overlap between the terms, the former applies to a disease that is not contagious e.g. tinneas (na) mara 'seasickness', tinneas an t-siùcair 'diabetes', an tinneas-buidhe 'jaundice'. We might say tinneas gabhaltach for 'infectious disease' but we're more likely to use the word galar. However, a galar can make you tinn 'ill'. Bha e tinn airson mìos le buaidh Chovid 'he was ill for a month under the influence of Covid'.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** tha sinn a **cheart cho buailteach** a bhith a' bruidhinn air X: *we are just as likely to be speaking about X*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA